

MUSIC

Cape Breton's Diversity in Unity

Òrain à Dualchas Gàidhlig Cheap Breatainn

Tha an stuth a leanas a' toirt dhuinn goireas teagaisg son chùrsaichean bun-sgoile is àrd-sgoile ann an Ceòl, Gàidhlig is Cànan is Cultar, agus Ionnsachadh Sòisealta. Tha na molaidhean a-thaobh teagasg, ionnsachadh agus measadh air an tarraing à sgrìobhaidhean mu Churraicealaim Albainn Nuaidh agus tha iad a' cur taic ri *Stèidh Curraicealaim Foghlaim Ealain Chanada Atlantaig* (1999), agus *Ionnsachadh Deatamach Ceumnachaidh*.

Tha na Gnìomhan ainmichte co-cheangailte ri na h-òrain Ghàidhlig a tha rim faotainn air an làrach-lìn aig *Ionad a' Pheutanaich Ceòl: Iomadachd Cheap Breatainn ann an Aonachd*, a-bharrachd air stuthan eile air an làraich. Ged a tha iad air an sgaradh eadar bun-sgoil is àrd-sgoil, gabhaidh iad cleachdadh aig ìre sam bith.

Aig deireadh a' phàipeir seo tha liosta de **Phàipearan Curraicealaim Albainn Nuaidh** agus stuthan eile a gheibhear air an liosta **Goireasan Ionnsachaidh Ceadachd** son sgoiltean Albainn Nuaidh.

| Dr. Eric Favaro

Clàr-ìnnse

Goireasan Curraicealaim Ciùil.....	Duilleag 02
Bun-sgoil.....	Duilleag 03
Àrd-sgoil.....	Duilleag 09
Goireasan Curraicealaim na Gàidhlig.....	Duilleag 12
Bun-sgoil.....	Duilleag 13
Àrd-sgoil.....	Duilleag 16
Goireasan Foghlaim Cultarail Gàidhlig.....	Duilleag 18
Goireasan Eile.....	Duilleag 20

Ceòl

Tha *Stèidh Curraicealaim Foghlam Ealain Chanada Atlantaig* (1999) ag ainmeachadh trì modhan-obrach a tha follaiseach anns na h-ealain gu lèir: dannsa, dràma, ceòl is ealain fhradharach. Is iad na modhan-obrach sin:

- Cruthachadh, Dèanamh agus Taisbeanadh
- Tuigse is Ceangal a-thaobh Tìr, Àite agus Coimhearsnachd
- Mothachadh agus Freagairt

Tha na Builean Coitcheann Curraicealaim (GCO) anns na trì modhan-obrach sin a' sealltainn na rudan a dh'fheumas oileanaich a thuigsinn agus a dhèanamh aig deireadh gach ìre. Tha na molaidhean seo a' toirt iùil don luchd-teagaisg air mar a chleachdas iad na h-òrain Ghàidhlig air an làrach-lìn gus na builean sin a choileanadh. Ged a tha iad air an sònrachadh a-rèir curraicealaim bun-sgoile is àrd-sgoile, faodar mòran dhiubh a chleachdadh aig aois is ìre sam bith, a-rèir fiosrachadh is àrainneachd nan oileanach.

Feumar mothachadh cuideachd, ged a tha an Seòladh Ghoireasan Foghlaim seo a' toirt dlùth-aire do cheòl, bu bheil bannan ann ri ealain eile mar dannsa, dràma is dealbhadaireachd. Tha an liosta ghoireasan a' sealltainn nam pàipearan mu churraicealaim Albainn Nuaidh a chuidicheas tidsearan gu gnìomhan ullachadh son nan sgoilearan aca.

Bun-sgoil

“Tha e nas deatamaiche eòlas a chur air sgilean agus bun-bheachdan ciùil agus an uairsin an comharrachadh agus an daingneachadh tro raon farsaing de ghniomhan ’s de dhòighean.” Ceòl, Prìomh-chlas – 6, 2002).

Le bhith cleachdadh nan òrain Ghàidlig air an làrach-lìn seo, faodar na sgilean agus na dòighean a leanas a dhaingneachadh anns na clasaichean ciùil. Ged a bhuineas na h-eileamaidean seo don mhòr-chuid de na h-òrain Ghàidhlig air an liosta, tha òrain àraidh air an sònrachadh ri taobh na sgil as fheàrr a bhuineas dhaibh.

Fonn

- Seinn le mac-talla ([Ged a Sheòl Mi Air M’Aineol](#))
- Stiùireadh fuaimne ([Dhè Bhethel](#))
- Ceangal eadar fonn agus còrdan taice ([Òran Do Cheap Breatainn](#))

Ruitheam agus faid

- Buillean seasmhach ann an ceòl is eile ([Tha Mi Sgìth On Tìm Seo ‘N Dè](#))
- A’ cumail buille sheasmhach ([Òran Nam Fasan](#))
- Pàtrain fuaimne ann an ceòl is bàrdachd ([Òran Do Cheap Breatainn](#))
- Buille vs. ruitheam ([Ged a Sheòl Mi Air M’Aineol](#))
- Pàtrain is ruitheaman coitcheann ([Tuireadh Nan Hiortach](#))
- Pongan de chaochladh faid ([Òran Do Cheap Breatainn](#))
- Comharran tìm ([Tha Mi Sgìth On Tìm Seo ‘N Dè](#))
- Ruitheaman tomhais ([Òran Nam Mocaisean](#))

Co-sheirm is colmadh

- Co-sheirm vs. aon-ghuth ([Illean Bithibh Sunndach](#))
- Òrain dithis agus fuinn eadar-dhealaichte ([Ged a Sheòl Mi Air M’Aineol](#))
- Taic còisireil ([Illean Bithibh Sunndach](#))
- Còrdan mòra is beaga ([Òganaich An Òr-Fhuilte Bhuidhe](#))

Cruth

- Ceathramh agus fonn ([Tha Mi Sgìth On Tìm Seo ‘N Dè](#))
- Abairtean a-rithist agus eadar-dhealaichte ([Òran Nam Mocaisean](#))
- Cuspair ([Òran Do Cheap Breatainn](#))
- Cruth saor <http://beaton.cbu.ca/diversity/gaelic/oran-nam-fasan.html> ([Òran Nam Fasan](#))

Luaths

- Luath agus mall ann an ceòl is eile ([Òran Nam Mocaisean](#))
- Luaths ceangailte ri abartas ciùil ([Tuireadh Nan Hiortach](#))
- Luaths ceangailte ri buille ([Ged a Sheòl Mi Air M’Aineol](#))

GCO 1: Bidh dùil gun dèan na sgoilearan rannsachadh, dùbhlán, leasachadh agus meòhrachadh air smuaintean, a' cleachdadh sgilean, cànan, dòighean agus modhan nan ealan.

GCO 2: Bidh dùil gun cruthaich agus/no gun lìbhrig na sgoilearan, còmhla no air leth, toraidhean beairteach anns na h-ealain son raon de luchd-èisteachd agus de adhbhair.

- Iarr air na sgoilearan òran Gàidhlig a thaghadh às a' chruinneachadh. Mar bhuidhinn, iarr oirre bhith stiùireadh no a' leantainn ann a bhith cruthachadh buille chunbhallach. Mar neach-teagaisg, tagh trì òrain eadar-dhealaichte agus iarr air na sgoilearan èisteachd riutha agus coimeas a dheanamh eadar luaths nan trì. Dèanaibh còmhradh mu na rudan as fhèarr a ghabhas dèanamh, stèidhichte air luaths agus adhbhar gach òran. Cleachd ionnstramaidean bualaidh son faram nan òran a dhaingneachadh. Trì òrain eadar-dhealaichte a dh'fhaodas sibh a thaghadh: [*Ged A Sheòl Mi Air M'Aineol*](#) (òran luaidh), [*Làithean Sona M'Òige*](#) (cumha), agus [*Fuadach Nan Gàidheal*](#) (cumha eile).
- Tagh òran Gàidhlig agus teagaisg am fonn dhan a' chlas. Sgrìobh am fonn air pìos mòr pàipeir no air sleamhnag. Dèan còmhradh ri na sgoilearan mu na “fuaim-fhaclan” anns an òran seo, mar “Hoil-iù hill eò hò-ro èileadh” ann a [*Moch 'Sa Mhadainn Rinn Mi Gluasad*](#). Ann an òrain Ghàidhlig chan e faclan fìor a tha anns na fuaim-fhaclan ach fuaimean airson beàrnan a lionadh. A' cleachdadh a' chiùil son nan òran Ghàidhlig air an làrach-lìn, iarr air na sgoilearan eiseamplairean eile fhaighinn de fhuaim-fhaclan. Seinnibh an t-òran mar chòmhlán. Clàr na sgoilearan a' seinn son gun cluinn iad iad fhèin a' seinn ann an Gàidhlig.
- Mar chlas no ag obair ann am buidhnean nas lugha, iarr air na sgoilearan fear de na h-òrain Ghàidhlig a thaghadh. Èist ris an òran, leugh an t-eadar-theangachadh Beurla agus èist ris an òran a-rithist. Iarr air na sgoilearan dealbh a dhèanamh den an teacsa. Seall na dealbhan don chòrr den chlas (leig leotha cuideachd èisteachd ris an òran mu bheil na dealbhan). Seallaidh seo do na sgoilearan na tha de chunntas mionaideach ann an òrain Ghàidhlig.
- Iarr air na sgoilearan raon-fuaim a dhèanamh a dh'innseas de tha tachairt ann am fear de na h-òrain air an làrach-lìn. Tha mòran de na h-òrain mu sheòladh thar chuain, ([*Tuireadh Nan Hiortach*](#), [*Illean Bithibh Sunndach*](#)) agus cuid eile mu Ghàidheil Alba air am fuadach às an tìr agus an dachaidh ([*Fuadach Nan Gàidheal*](#)). Bu chòir do na sgoilearan èisteachd an toiseach ri fuaim an òrain, na briathran a leughadh, agus an uairsin ann am buidhnean raon-fuaim a dhèanamh a' sealltainn caochladh rudan air a bheil iomradh anns an òran.
- Dèan còmhradh ri na sgoilearan mu **luadh**. Thoir dhaibh iomradh air dè th'ann an luadh, carson a thà e, agus dè an seòrsa òran a chluinnear aig an tachartas seo. Faodaidh iad cuideachd am fiosrachadh seo a rannsachadh iad fhèin, le dhol chun an làrach-lìn aig Clachan Gàidhealach Albainn Nuaidh ([*Nova Scotia Highland Village Museum*](#)).

- Mar chlas, iarr air na sgoilearan am fonn aig òran luaidh ionnsachadh, mar an fheadhainn seo gu h-ìosal. Thoir orra na pongan ciùil a leantainn, agus iad uile a’ seinn an fhuinn. Faodaidh sibh luadh ath-chruthachadh anns an rùm-sgoile. Faigh plangaid no siota-leapa. Cuir a’ phlangaid air a’ bhòrd le greim aig na sgoilearan orra nan dà làimh, agus iad ga gluasad thuca is bhuapa ri buille agus luaths an òrain luaidh. Eiseamplairean de òrain luaidh:
 - [*Tha Mi Sgìth On Tìm Seo ‘N Dè*](#)
 - [*‘Illean Bithibh Sundach*](#)
 - [*Dh’Òlainn Deoch À Làimh Mo Rùin*](#)
- Mar chlas èistibh ri na h-òrain a tha mar eiseamplair air **puirt-a-beul**. Mura biodh ionnstramaidean ciùil aig na Gàidheil sheinneadh iad na h-òrain seo airson dannsa riutha. Seo eiseamplair eile air “fuaim-fhaclan”. Thoir dannsair ceum a-steach dhan rùm-sgoile agus seall dha na sgoilearan ceumannan sìmplidh son dannsa srath-spèidh, ruidhle no sige a dhèanamh ri puirt-a-beul. Is dòcha gun còrdadh e cuideachd ris a’ chloinn oidhirp a dhèanamh air puirt-a-beul a sheinn!
- Bha **puirt-a-beul** tric air an seinn son dannsa, gu h-àraidh mura robh fìdhlear faisg air làimh. B’ àbhaist dha na fìdhlearan a bhith ’g ionnsachadh nam port seo len cluais, ach uaireannan bhiodh an ceòl air a sgrìobhadh sìos. An-diugh tha òrain Ghàidhlig ann son mòran de phuirt na fìdhle, agus puirt fìdhle son òrain. Iarr air na sgoilearan rannsachadh a dhèanamh air puirt fìdhle air a bheil daoine eòlach feuch am faigh iad òran Ghàidhlig den aon fhonn. Faodaidh iad coimeas a dhèanamh air luaths, ruitheam, gleus, etc. Thoir cuireadh do dh’fhìdhlear tighinn a-steach dhan a’ chlas a chluich fhonn a tha coltach ri puirt-a-beul.
- Cleachd na fuinn agus na puirt-a-beul seo son comharran tìm a thaisbeanadh ’s a dhaingneachadh: Caismeachd – 3/4; Srath-spèidh – 4/4; Fonn mall – 4/4; Sige – 6/8; Ruidhle – 4/4.
- Coimhead air Cape Breton’s Magazine air-loidhne son tuilleadh fiosrachaidh mu dhualchas nan òran Ghàidhlig an Albainn Nuadh, leithid òrain luaidh, puirt-a-beul, tuiridhean, sgeulachdan, iomraidhean, eachdraidhean-beatha, etc.

GCO 3: Bidh dùil gum foillsich na sgoilearan mothachadh breithneachail agus luach air àite nan ealan ann a bhith cruthachadh agus a' foillseachadh cultair.

GCO 4: Bidh dùil gun cuir na sgoilearan suim anns na tha daoine agus buidhnean a' dèanamh às leth nan ealain aig an taigh agus air feadh an t-saoghail agus gun cuir iad luach air na h-ealain mar chunntas air eòlas agus fiosrachadh a' chinne-daonna.

- Dèanaibh còmhradh, mar chlas, air a' bhuidhe a bh' aig cultar na Gàidhlig air Albainn Nuadh agus Canada. Seall dhaibh na rinn luchd-labhairt na Gàidhlig gu luchd-ciùil a bhrosnachadh gu ceòl Gàidhlig a chluich. Iarr air na sgoilearan luchd-ciùil ainmeachadh a tha dèanamh beò-shlaint' às an t-seòrsa ciùil seo (eg: Màiri Sìne NicLaomainn, Teaghlach MhicFhraing). Beachdaichibh air a' bhuidhe a tha aig *Fèis Eadar-nàiseanta nan Dathan Ceilteach* agus *Duaisean Ciùil a' Chost' an Ear* air cultar Gàidhlig an seo agus an dùthchannan eile.
- Mar chlas, dèanaibh còmhradh mu Dhruisean Ciùil a' Chost' an Ear is cultar Gàidhlig agus a' bhuidhe a tha aca air gnìomhachas turasachd Albainn Nuaidh. Iarr air na sgoilearan rannsachadh a dhèanamh air na duaisean a thugadh seachad o chionn ghoirid agus an luchd-ciùil ainmeachadh a tha cur air adhart cànan is cultar na Gàidhlig, leithid Màiri Sìne NicLaomainn, Teaghlach MhicFhraing, Clann'ic Nèill Bharraidh, Natalie Nic a' Mhaighistir, etc.
- Ann am buidhnean, leig le na sgoilearan òran Gàidhlig a thaghadh às a' chruinneachadh agus, a' cleachdadh a' chiùil-sgrìobhte, leig leotha feuchainn ris an fhonn agus/no na rannan a sheinn. Faodaidh iad inneal-ciùil sam bith a chleachdadh son seo a dhèanamh. Bruidhnibh air na h-eadar-dhealachaidhean ann an ceòl-taice chòrdan, fonn, comharran gleusaidh, agus co-sheirm. Iarr air na buidhnean an t-òran a sheinn don a' chlas gu lèir le taice dhan an òran a thaghas iad.
- Ann am buidhnean, iarraibh air na sgoilearan ceithir no còig de na h-òrain air an làrach-lìn a thaghadh. Thoir orra na faclan Beurla a leughadh. Dèanaibh còmhradh mu chuspairean nan òran. Tuilleach obrach: Iarr air na sgoilearan òran a sgrìobhadh (ann am Beurla) mu àite is toigh leotha. Cur nan cuimhne gum feum iad dealbh a dhèanamh ann am briathran.

Cuspairean cumanta ann an dualchas nan òran Ghàidhlig a gheibhear air an làrach-lìn seo:

Gaol caillte/tuireadh

- [*A Mhàiri Bhòidheach*](#)
- [*Cumha*](#)
- [*Làithean Sona M'Òige*](#)
- [*Òganaich An Òr-Fhuilt Bhuidhe*](#)

Gaol air àite fuirich

- [*An Innis Àigh*](#)
- [*Canada A Thìr An Àigh*](#)
- [*Dh'Òlainn Deoch À Làimh Mo Rùin*](#)
- [*Eilean Gorm Nam Beanntan Àrd*](#)
- [*Illean Bithibh Sunndach*](#)
- [*Òran Do Cheap Breatainn*](#)

Cogadh

- [*A Fhleasgaich Uasail*](#)
- [*Ged A Sheòl Mi Air M'Aineol*](#)

Fiosrachadh mu neach no nì

- [*Mo Nighean Dubh*](#)
- [*Òran Nam Fasan*](#)

Fuadach à do thìr

- [*Fuadach Nan Gàidheal*](#)
- [*Tuireadh Nan Hiortach*](#)

GCO 7: Bithear a' sùileachadh air na sgoilearan gun tuig iad an t-àite tha aig teicneòlas ann an cruthachadh is freagairt obraichean taisbeanach.

- Thoir air na sgoilearan rannsachadh is bruidhinn air mar a chuireas teicneòlas taice no bacadh air dualchas nan òran Ghàidhlig. Faodaidh iad rannsachadh a dhèanamh air na deifear innealan clàraidh a chuidich gu òrain Ghàidhlig a ghleidheadh. Ciamar a tha clàradh air atharrachadh anns na ceud bliadhna a chaidh seachad, agus dè a' bhuaidh a bh'aige seo air air gleidheadh cultar Gàidhlig san fharsaingeachd, agus dualchas nan òran gu h-àraidh?
- Dèan còmhraidh ri na sgoilearan air a' bhuaidh mhath is dhona a dh'fhaodadh a bhith aig an eadar-lìon air cultar na Gàidhlig.

- Bruidhinn ri na sgoilearan mu dhualchas seinn na Gàidhlig. Ciamar a thàinig na h-òrain a-nuas (agus aig a cheann thall ann an sgrìobhadh) o linn gu linn? Carson a tha e cudromach gun tèid na h-òrain seo a chlàradh agus an cur ann an cruth didseatach?

GCO 8: Bidh dùil gun dèan na sgoilearan sgrùdadh air a' cheangal eadar amas ealanta agus obair thaisbeanach.

- Thoir cuireadh do sheinneadair no neach-ciùil Gàidhlig seinn no cluich dhan a' chlas agus dèanadh iad còmhraidh mun an eòlas a th'aca air seinn, cluich, sgrìobhadh no clàradh an cuid ciùil.
- Cùm cèilidh anns an rùm-sgoile. Thoir cuireadh do dhaoine a chluicheas an fhidheall, am piàna, a' phìob, an giotàr, is eile. Thoir cothrom do na sgoilearan a dol an-sàs anns a' cheòl còmhla riutha agus pàirt a ghabhail anns an fhonn/co-sheirm/còrdan aig na puirt a tha iad a' cluich.
- Dèan còmhraidh ri na sgoilearan mu cho cudromach 's a tha e bhith seinn òrain Ghàidhlig 's a bhith cluich phort air an fhidhill. Thoir orra bruidhinn mu na rudan a dh'fheumar son cluich air àrd-ùrlar. Faodaidh na sgoilearan, nan aonar no ann am buidhnean, pròiseact a chur air bhonn gu obair ciùil (mar eisimpleir, ceòl a sgrìobhadh son fonn òran Gàidhlig) a chruthachadh, a leasachadh, agus a choileanadh.

Àrd-sgoil

Mar a dh'ainmich sinn a cheana, tha mòran de na gnìomhan ann an curraicealaim na bun-sgoile a ghabhas an dèanamh freagarrach son sgoilearan aig ìrean 7 gu 12, a-rèir èolas is àrainneachd nan sgoilearan. Buinidh na gnìomhan a leanas do phàipearan mu churraicealaim ciùil na h-àrd-sgoile a tha air an ainmeachadh ann an liosta nan goireasan.

GCO 1: Bidh dùil gun dèan na sgoilearan rannsachadh, dùbhlán, leasachadh agus meòmhrachadh air smuaintean, a' cleachdadh sgilean, cànan, dòighean agus modhan nan ealan.

GCO 2: Bidh dùil gun cruthaich agus/no gun lìbhrig na sgoilearan, còmhla no air leth toraidhean beairteach anns na h-ealain son raon de luchd-èisteachd agus de adhbhair.

- Tagh fear de na h-òrain Ghàidhlig agus bruidhinn mu na h-abairtean ann. Thoir cuireadh dha na sgoilearan abairt a sgrìobhadh no a dhèanamh suas a tha freagairt abairt anns an òran, a' toirt fa-near gean an òrain. Tagh òran eadar-dhealaichte agus dèan seo a-rithist. Ciamar a thug gean an òrain buaidh air do fhreagairt? Beachdaich air na smuaintean seo nuair a tha an eacarsaich a' dol air adhart: abairt ro agus às dèidh, cuspair, ruitheam, cruth.
- Cleachd aon de na h-òrain son cuspair is caochladh a theagasg no dhaingneachadh. Iarr air na sgoilearan abairt no buidheann de abairtean a thaghadh, agus cleachd na h-innleachdan ciùil seo son atharraichean a chruthachadh: leudachadh/giorrachadh, briseadh, cruthan mòra/beaga/eadar-dhealaichte, no tionndadh.
- Iarr air na sgoilearan sgrùdadh a dhèanamh air sgeadachadh ann an òrain Ghàidhlig agus mar a tha sin a' taisbeanadh caochladh dhòighean ciùil is seinn.
- Daingnich beachd-smuain bhunaiteach agus sgilean èisteachd le bhith cleachdadh nan òran air an làrach-lìn.
- Thoir air na sgoilearan abairt de cheithir gu ochd bàr-ciùil ann an gleus agus meatar sònraichte a chruthachadh coltach ri fear de na h-òrain Ghàidhlig. Iarr orra an uairsin caraidean fhaighinn a rinn abairtean eile agus cuir còmhla iad ann an cruthan nas motha.
- A' cleachdadh ceòl àraidh ann an clasaichean còmhlain, còisir is ciùil eile, faigh eisemplairean de dhòighean is smuaintean eile bho na h-òrain Ghàidhlig air an làrach-lìn.

GCO 3: Bidh dùil gum foillsich na sgoilearan mothachadh breithneachail agus luach air àite nan ealan ann a bhith cruthachadh agus a' foillseachadh cultair.

GCO 4: Bidh dùil gun cuir na sgoilearan suim anns na tha daoine agus buidhnean a' dèanamh às leth nan ealain aig an taigh agus air feadh an t-saoghail.

- Iarr air na sgoilearan rannsachadh a dhèanamh air eachdraidh a' chiùil Cheiltich. Dèan coimeas eadar e agus seòrsaichean ciùil eile mar ceòl Acaidianach agus ceòl Mì'kmaw. Rannsaich eachdraidh nan òran à dualchais eile ann an Albainn Nuadh.
- Thoir cuireadh do dhaoine anns a' choimhearsnachd a tha an-sàs ann an ceòl Ceilteach tighinn don sgoil agus an dualchas a thaisbeanadh agus a rannsachadh. Mar ullachadh, thoir cothrom do na sgoilearan èisteachd ri clàir no sealltainn air bhidio agus ceistean a chur air dòigh. Ma tha sgoilearan anns a' chlas a tha cluich ceòl Ceilteach, faodaidh iad pàirt a ghabhail anns an taisbeanadh no cluich còmhla ris an aoigh.
- Clàr agus coimhead air na pìosan de cheòl Ceilteach ann an cuirm Dhuissean Ciùil a' Chost' an Ear. Dèan còmhradh mun a' chèol 's a' chultar, ionnstramaidean, etc, a tha air am foillseachadh.
- Thoir cuireadh don chlas deasbad a dhèanamh mu na caochladh dhòighean anns a bheil ceòl a' cur ri suidheachadh is dearbh-aithne coimhearsnachd. Faodaidh na sgoilearan innse mun a' bhuaidh a tha aig ceòl air am beatha agus co ris a bhiodh am beatha coltach às aonais ciùil. Dèan coimeas eadar na fairichidhean sin agus na Gàidheil a thuinich ann an Albainn Nuadh iomadh bliadhna air ais. Dè a' bhuaidh a bha aig ceòl air am beathasan?
- Dèan còmhradh ris a' chlas mun an dòigh anns a bheil ceòl a' toirt buaidh air fairichidhean dhaoine aig cuirmean no seirbheisean mar bainnsean, tòrraidhean, etc. An dèidh a' chòmhradh seo, iarr air na sgoilearan lèirmheas a dhèanamh air na h-òrain Ghàidhlig air an làrach-lìn seo agus bruidhinn air na cuirmean son am biodh iad freagarrach, mar eiseamplair, cumha aig tiodhlacadh, ceòl aotrom aig bainnsean, etc.

GCO 7: Bithear a’ sùileachadh air na sgoilearan gun tuig iad an t-àite tha aig teicneòlas ann an cruthachadh is freagairt obraichean taisbeanach.

GCO 8: Bidh dùil gun dèan na sgoilearan sgrùdadh air a’ cheangal eadar amas ealanta agus obair thaisbeanach.

- Thoir air na sgoilearan èisteachd ri clàradh de fhonn Ceilteach an là-an-diugh, mar fhear o Ashley MacÌosaig. Dè a’ bhuaidh a tha aig teicneòlas air an dòigh anns a bheil fuinn dhualchasach air an cluich a-nis? Ciamar a tha iad a’ faireachadh mun an atharrachadh? Dè a’ bhuaidh a tha air a bhith aige air gleidheadh an dualchais Ghàidhlig.
- Thoir cothrom do na sgoilearan bruidhinn mu mhìneachadh ann an ceòl. Beachdaich air rùn an neach a chruthaich e an coimeas ri mìneachadh an neach a tha ga chluiche no ga sheinn.
- Tagh fear de na h-òrain agus iarr air a’ chlas a sheinn. Nuair a tha sibh ga ullachadh, beachdaichibh air abairt is cruth son rannsachadh a dhèanamh air an dòigh is èifeachdaiche air an òran a libhrigeadh.
- Beachdaichibh air mar a tha deifear luchd-èisteachd a toirt buaidh air mar a rinneadh an t-òran agus mar a tha an seinneadair ga ghabhail.
- Faigh mìneachadh eadar-dhealaichte air fear de na h-òrain Ghàidhlig air an làrach-lìn seo. Mar chàraidean, iarr air na sgoilearan beachdachadh air a’ mhìneachadh agus a bheil e a-rèir rùn a’ bhàird. Is dòcha gum bi feum air tuilleadh rannsachaidh. Faodar co-dhùnaidhean nan sgoilearan a thairgse don chlas agus bu chòir am brosnachadh gus am beachdan a dhìon.
- Iarr air na sgoilearan prògraman sgrìobhaidh ciùil a chleachdadh son òran a chur an sgrìobhadh agus ionnstramaidean, comharran luaths, daineamaig is liubhairt atharrachadh. An dèidh na h-obrach faodaidh iad buaidh nan atharraichean a mhìneachadh.

A' Chànan Ghàidhlig

Faodar na h-òrain Ghàidhlig a chaidh an dèanamh didseatach son na làraich-lìn seo a chleachdadh ann an clasaichean cànanain son labhairt, leughadh, sgrìobhadh agus tuigse air cultar na Gàidhlig a dhaingneachadh.

“Faodar òrain Ghàidhlig a sgaradh ann an trì roinnean: òrain obrach, puirt-a-beul agus òrain de shaor-mhodh” (*A' Comharrachadh ar Dualchas Ceilteach 2008*)

Gheibh na sgoilearan cothrom air eòlas a chur air na trì ghnèithean òran tro na smuaintean a leanas mu leasain.

Bun-sgoil

GCO: Theid aig na sgoilearan air ceanglaichean a dhèanamh eadar Gàidhlig air a labhairt agus Gàidhlig air a sgrìobhadh.

- Dèan còmhradh ri na sgoilearan mun an eòlas a tha aca air seinn ann an Gàidhlig. Is dòcha gun cuala cuid aca òrain air an làraich seo a cheana; is dòcha gu bheil cuid aca dhan aithne òran Gàidhlig.
- Tro thìde, thoir air na sgoilearan èisteachd ri na h-òrain gu lèir anns a' chruinneachadh agus mar chlas am fear is fheàrr leotha a thaghadh. Ionnsaichibh an t-òran agus seinnibh e do chlasaichean eile.
- Iarr air na sgoilearan òran a sheinn agus gluasad a dhèanamh a tha sealltainn nan rudan a tha tachairt anns an òran.
- Bruidhnibh air dè tha “**dualchas**” a’ ciallachadh. Dèanaibh iomradh air dualchais a bha anns an teaghlach aca agus air na ceanglaichean a bha eadar iad agus dualchas nan òran. (Tha òrain a’ tighinn a-nuas bho ghinealach gu ginealach).
- Seallaibh air òrain a tha toirt iomradh air fàgail na dachaidh agus a’ dol gu àite ùr. Faodaidh na sgoilearan còmhradh mu na fairichidhean fuaighte ris a seo agus èisteachd ri òrain àraidh. Iarr orra fhèin òran a sgrìobhadh mu àite air a bheil iad measail. Iarr orra smaoinichadh air ciamar a bhiodh iad a’ faireachadh nam feumadh iad an t-àite sin fhàgail ’s nach fhaiceadh iad e gu bràth tuilleadh. Tha na h-òrain a leanas mu ionndrainn an dèidh an dachaidh fhàgail, agus mun a’ ghaol a tha aig daoine air an tìr fhèin:
 - [*An Innis Àigh*](#)
 - [*Canada a Thìr An Àigh*](#)
 - [*Dh’Òlainn Deoch À Làimh Mo Rùin*](#)
 - [*Eilean Gorm Nam Beanntan Àrd*](#)
 - [*‘Illean Bithibh Sunndach*](#)
 - [*Òran Do Cheap Breatainn*](#)
- Dèanaibh luadh ag èisteachd ri òrain bhon làrach-lìn, gu h-àraidh na h-òrain luaidh: [*Tha Mi Sgìth On Tìm Seo ‘N Dè*](#), [*‘Illean Bithibh Sunndach*](#), [*Dh’Òlainn Deoch À Làimh Mo Rùin*](#).
- Son puirt-a-beul a mhìneachadh, thoir cuireadh do dhannsa ceum às an sgìre tighinn dhan sgoil. Thoir air an neach seo ceumannan dannsa sìmplidh ionnsachadh dhan chloinn. Nuair a bhios iad a’ dannsa ri puirt-a-beul chì iad an ceangal eadar ceòl na pìoba ’s na fìdhle agus òrain Ghàidhlig.
- Cleachd na h-òrain anns a’ chruinneachadh son cuideachadh le ionnsachadh cànan.

- A' leughadh nan òran, iarr air na sgoilearan coimhead airson faclan air a bheil iad eòlach agus strìochd a chur fòdhpà (ainmean àite, dathan, aodach, etc).
- Coimheadaibh anns na h-òrain son abairtean a bheir ùine is cothrom dha na sgoilearan briathran an òrain a chluinntinn, a ràdh a-rithist, agus a chleachdadh.
- Cleachd dealbhan son ciall nan òran a dhèanamh soilleir (tha òrain Ghàidhlig math air dealbh a thoirt air cuspair). Thoir air na sgoilearan èisteachd ri òran Gàidhlig, leugh na faclan ann am Beurla, agus dèan deilbh a tha sealltainn dè tha tachairt no dè am breithneachadh air an òran.
- Thoir cothrom do na sgoilearan clàr a dhèanamh orra fhèin a' seinn agus èistibh ris mar chlas son gun cluinn iad iad fhèin a' seinn Gàidhlig!
- Dèan iomradh air seinneadair Gàidhlig le bhith cruinneachadh fiosrachaidh on an eadar-lìon no bhith dèanamh agallamh ri cuideigin a bhios a' seinn ann an Gàidhlig.

GCO: Bithear a' sùileachadh air na sgoilearan gun taisbean iad mothachadh is tuigse air cultar Gàidhlig agus gun dèan iad ceangal ris tro chaochladh feart a bhuineas don chànan.

- Faighneachd ceistean mu na h-òrain a' cleachdadh: Cò? Dè? Cuin? Càite?
- Teagaisg dha na sgoilearan mu seach rann de fhear de na h-òrain. Thoir dhaibh an uairsin an rann sgrìobhte son gum faic iad a' Ghàidhlig ann an dubh 's an geal. Leig leotha ceangal a dhèanamh eadar an t-seinn aca agus na faclan a sgrìobh thu.
- Dèan cuirm-chluich le pupaidean a' sealltainn de tha tachairt ann am fear de na h-òrain.
- Dèan tòimhseachan le mìrean-measgaichte, le na sgoilearan ag obair ann am buidhnean, aon bhuidheann son gach òran. Leughadh iad an t-òran, èisteachd iad ris, agus an uairsin innseadh iad dè mu dheidhinn a thà e. Tillidh aon neach às a' bhuidheann do bhuidheann anns a bheil cuideigin às gach buidheann eile. Iarr orra an t-òran a mhìneachadh don bhuidheann, a' coimhead son chuspairean cumanta.
- Thoir cuideigin a tha fileanta ann an Gàidhlig a-steach don chlas agus ceasnaich e no i mu am beatha mar phàisde a' fàs suas le Gàidhlig. An robh òrain Ghàidhlig mar phàirt den bheatha sin? Iarr air an neach seo òran Gàidhlig a sheinn agus, ma tha sin comasach, ionnsachadh don chlas.
- Dèan còmhradh ri na sgoilearan mu cho cudromach 's a tha e dualchas nan òran Ghàidhlig a chumail beò. Bruidhnibh mu dhòighean air an dualchas a chumail beò agus làidir ann an Albainn Nuadh.

- Dèan leabhran de na h-òrain air an làrach-lìn agus anns a' choimhearsanachd. Cuir iad a-rèir gnè no cuspair nan òran: òrain luaidh, òrain seòlaidh, cumhaidhean, òrain-obrach, òrain-eachdraidh, etc.
- Thoir òran Gàidhlig do gach sgoilear fa leth. Iarr orra dealbh no samhla dhèanamh a' mìneachadh an òrain. Faodaidh iad na meadhanan seo a chleachdadh: measgachadh, dioràma, dealbh camara, no dealbh sgrìobhte.

Àrd-sgoil

GCO: Cleachdaidh na sgoilearan Gàidhlig son còmhradh is conaltradh gu h-èifeachdach.

- Tagh òran Gàidhlig agus èist ris gun choimhead air na faclan ann an Gàidhlig no Beurla. An dèidh èisteachd ris, bruidhnibh mar chlas no ann am buidhnean mu chuspair an òrain, a’ sireadh phrìomh fhacail no abairtean mun do rinn sibh còmhradh roimhe seo anns a’ chlas.
- Dèanamh eacarsaich cheistean is fhreagairtean (ann an Gàidhlig) a’ cleachdadh nan òran anns a chruinneachadh mar bhrosnachadh. Dèan cinnteach gun cleachd thu na ceistean seo: Càite? Cuin? Cò? Dè? Carson? Son tòiseachadh faodaidh sibh na h-òrain shònraichte anns am bheil ceistean is freagairtean a chleachdadh: *An Innis Àigh* agus *Poit-Dhubh MhicFhraing*.
- Rannsaichibh “blas” nan seinneadairean Gàidhlig. Dèanaibh sgrùdadh air na h-òrain son abairtean ùra, gnathasan-cainnte, beachd-smuaintean, agus fonn-chainnt.
- Iarr air na sgoilearan rannsachadh a dhèanamh air eachdraidh-beatha nan seinneadairean, a’ coimhead gu h-àraidh air càite ’n do rugadh iad agus air a’ cheangal a th’aige seo ri blas is fuaim na cainnt a tha iad a’ seinn.

GCO: Bidh na sgoilearan a’ cruthachadh agus a’ cur eòlais air obraichean a tha taisbeanadh cànan is cultar na Gàidhlig.

- Èist ri cuid de na h-òrain air an làrach-lìn agus faigh a-mach dè is adhbhar dhaibh. Is e **òrain-obrach** a tha ann am mòran dhiubh. Eiseamplairean: *Daolagan Cholarado*, *Dh’Òlainn Deoch À Làimh Mo Rùin*, *Ged A Sheòl Mi Air M’Aineol*. Is e **cumhaidhean** a tha ann an cuid eile air an liosta. Èist ri na faclan agus leugh iad agus, mar bhuidhnean beaga no mar chlas, beachdaichibh carson a chaidh an dèanamh. Faodar iad seo a chleachdadh mar eiseamplairean: *Làithean Sona M’Òige*, *Tuireadh Nan Hiortach*, *Cumha, Eilean Gorm Nam Beanntan Ard*.
- Iarr air na sgoilearan òran a dhèanamh ann am buidhnean mu obair shònraichte anns an là-an-diugh. Mar eiseamplair – ruith aig trotan, nighe nan soithichean, glanadh an taighe, etc.
- Èist ri òran Gàidhlig agus dèan dealbh dhe. Mar eiseamplair, èist ri òran luaidh agus innis anns an dealbh cò mu dheidhinn a tha e no cuir faireachadh is ruitheam an òrain air pàipear. Èist an uairsin ri cumha agus dèan samhla dhe ann an dealbh. Dèanaibh coimeas eatarra mar chlas.

- Tagh òran mu ghnìomh air choreigin agus dèan dealbh-chluich dhe son a chiall a thoirt gu aire an luchd-èisteachd. Mar eisampair, dh'fhaodadh sibh *Creach Na Samhna* a thaghadh, oir tha e mu rudan a bha tachairt air Oidhche Shamhna.

GCO: Seallaidh na sgoilearan mothachadh agus tuigse air dualchas na Gàidhlig ann an Albainn Nuadh agus air feadh an t-saoghail.

- Dèanaibh còmhraidh mu sheinneadairean an Albainn Nuadh a bhios a' seinn òrain Ghàidhlig. Rannsaichibh còmhlan no seinneadair a chlàr no a rinn ainmeil òran Gàidhlig.
- Thoir air na sgoilearan agallamh a dhèanamh ri seinneadair Gàidhlig. Seo feadhainn de na ceistean a dh'fhaodadh iad a chur: A bheil thu seinn ach òrain Ghàidhlig a-mhàin? Ciamar a dh'ionnsaich thu an t-òran? Dè th'ann an òran luaidh? A bheil thu fhèin a' sgrìobhadh òran? An urrainn dhuit beò-shlaint' a dhèanamh a' seinn òrain Ghàidhlig? Dè na cuspairean aig na h-òrain a bhios tu a' seinn? Dè a' phàirt a ghabh na h-òrain ann am beatha nan daoine a rinn iad? Dè a' phàirt a tha iad a' gabhail na do bheatha fhèin?
- Iarr air na sgoilearan liosta a dhèanamh air na h-ainmean àiteachan anns na h-òrain Ghàidhlig air an làrach-lìn seo. Dèan coimeas eadar ainmean àiteachan ann an Albainn Nuadh agus Alba. A bheil iad coltach ri chèile? Ciamar a tha thu den bheachd sin? Tha na cumhaidhean math airson ainmean àiteachan ann an Gàidhlig a lorg. Sgrìobh mòran de na bàird òrain mar seo a' cur an cèill cho duilich 's a bha iad a' fàgail tìr an àraich.
- Faic rudan a tha coltach agus eu-coltach ri chèile anns na h-òrain Ghàidhlig air an làrach-lìn seo.
- Faodaidh gun cuala no gum faca cuid de na sgoilearan òrain Ghàidhlig air an seinn. Is dòcha gun aithne do chuid aca òran Gàidhlig mar thà. Dèan còmhraidh riutha mun an eòlas a th'aca air seinn ann an Gàidhlig.
- Rannsaich na cuspairean a gheibhear ann an òrain Ghàidhlig, mar fàgail na dachaidh, ionndrainn air cuideigin air an robh gaol agad, fuadach, seòladh, cogadh, sgeulachdan èibhinn, etc.
- Iarr air na sgoilearan sgrùdadh a dhèanamh air caochladh sheòrsaichean de òrain Ghàidhlig. Thoir orra coimeas a dhèanamh eatarra, a-thaobh luaths, adhbhar agus susbaint.
- Son tuilleadh rannsachaidh a dhèanamh air puirt-a-beul thoir cuireadh do dhannsair-ceum às a' choimhearsnachd tìghinn dhan rùm-sgoile agad. Thoir air no oirre ceuman sìmplidh a' chiùil aotrom ionnsachadh do na sgoilearan. Mar a bhios iad a' dannsa ri puirt-a-beul, chì iad an ceangal eadar ceòl fìdhle is pìoba ri òrain Ghàidhlig.

Ionnsachadh mu Chultar Gàidhlig 11

GCO: Bidh dùil gum foillsich na sgoilearan tuigse air na Gàidheil tro bhith rannsachadh an eachdraidh.

- Rannsaich mar a chaidh na Gàidheil a sgiùrsadh a tìr an dùthchais – **Fuadach nan Gàidheil** – le bhith beachdachadh air na h-òrain seo:
 - [*Tuireadh Nan Hiortach*](#)
 - [*Tllean Bithibh Sunndach*](#)
 - [*Fuadach Nan Gàideal*](#)
- Coimhead air ainmean àiteachan anns na h-òrain Ghàidhlig agus dèan coimeas eadar iad agus an fheadhainn a gheibhear ann an Albainn Nuadh. Dè tha thu faicinn? Carson tha seo?
- Iarr air na sgoilearan rannsachadh a dhèanamh air a’ chleachdadh Albannach ris an canar **Oidhche Shamhna**. Mar phàirt den rannsachadh thoir dhaibh cothrom èisteachd ris an òran [*Creach na Samhna*](#), agus leugh na briathran ann am Beurla.
- Iarr air na sgoilearan seinn nan salm a rannsachadh agus faighinn a-mach carson a tha iad air an seinn mar seo. Cluich dhaibh an laoidh, Dhe Bhetel, son gun cluinn iad eiseamplair de sheinn nan salm.

GCO: Bithear a’ sùileachadh gum beachdaich na sgoilearan air an àite aig beul-aithris is litreachas ann a bhith cur an cèill dualchas na Gàidhlig.

- Ghàidhlig a chumail beò agus fallainn. Beachdaichibh air dòighean anns an gabh seo dèanamh ann an Albainn Nuadh.
- Bruidhnibh air dè tha **dualchas** a’ ciallachadh. Dè na cleachdaidhean a bha anns an teaghlach aca fhèin agus dè an ceangal a bha aca ri òrain Ghàidhlig? (Tha òrain a’ tighinn a-nuas o ghinealach gu ginealach).
- Beachdaichibh air seinneadairean à Albainn Nuadh a bhios a’ seinn òrain Ghàidhlig. Rannsaichibh còmhlan no seinneadair a chlàr no a rinn ainmeil òran Gàidhlig.

GCO: Bithidh dùil gu rannsaich agus gun cuir sgoilearan an cèill smuaintean, eòlas is fairichidhean tro na h-ealain Ghàidhlig.

- Thoir cuireadh do neach a tha fileanta ann an Gàidhlig tighinn dhan sgoil, agus ceasnaich e no i mu bhith fàs suas le Gàidhlig. An robh òrain Ghàidhlig mar phàirt dem beatha? Iarr orra òran Gàidhlig a sheinn agus a theagasg dhan a' chlas.
- Iarr air na sgoilearan cunntas a sgrìobhadh mu sheinneadair Ghàidhlig; agus faigh fiosrachadh air an eadar-lion no tro agallamh leis an t-seinneadair.

Goireasan Eile

Nova Scotia Curriculum

Music Primary – 6 (2000)
Music 7 and Music 8 – Implementation Draft (2009)
Music 10 and Music 11 (2008)
Music 12 (2008)
Advanced Music 11 and Advanced Music 12 (2008)
Gaelic 10
Gaelic 11
Gaelic 12
Gaelic Cultural Studies
Celebrating our Celtic Culture (2009)
Cultural Industries (2001)

ALR Resources

Aboriginal Peoples: Building for the Future (22883)
A Fiddle for Angus (18698)
Celebrate Our Diversity (16646)
Celtic Reverie (25177)
Creativity and Music Education (16648)
Finale 2010: The Arts of Music Notation (51407)
Keys to Music Rudiments (21255)
Music Works (12828)
Nova Scotia Piper (13382)
Rise Again! The Story of Cape Breton Island (25628)
Roots and Branches (16650)
A Stone on Their Calm: A Cape Breton Saga (25260)
Famhair argus dain Ghaidhthlig eile/Giant and other Gaelic poems (25570)
Nancy's Wedding Feast and Other Tasty Tales (25258)
The Blue Mountains and Other Gaelic Stories from Cape Breton (25413)
World Music Cultural Traditions (12833)
World Music: A Cultural Legacy (23970)